

## GNÌOMHAN IONNSACHAIDH & SLATAN-TOMHAIS AIRSON MEASADH

*'S urrainn dhomh innse cò ris a tha na tursachan coltach.*

- Theirig a dh'fhaicinn nan tursachan
- Coimhead air dealbhan agus mapaichean
- Coimhead air dealbhan bhon adhar
- Faigh a-mach fiosrachadh mu dheidhinn meud is àireamh nan clachan
- Dèan do phlana fhèin a' sealltainn cumadh nan tursachan
- Saoil am faigh thu air tursachan sam bith a tha a dhìth a chur na do phlana?

*'S aithne dhomh cuin a chaidh na tursachan a thogail agus ciamar a chaidh an lorg.*

- Faigh a-mach dè bhios arc-eòlaiche a' dèanamh
- Faighnich dha do thidsear dè tha 'RC' a' ciallachadh ann an deitichean, agus ciamar a dh'obraicheas tu a-mach aois rud a chaidh a thogail ro àm Chrìosda
- Leugh fiosrachadh mu na tursachan agus soillsich le peann buidhe firinnean mu dheidhinn cuin a chaidh an togail
- Cuir dath eile air fiosrachadh mu dheidhinn mar a chaidh iad a-mach à sealladh, agus mar a chaidh an 'lorg' a-rithist
- Dèan bileag fiosrachaidh le plana nan tursachan, dealbhan, agus fiosrachadh air an aois, meudachd, msaa

*Bheir mi seachad mo bheachd fhìn air carson a tha na tursachan ann.*

- Èist ri sgeulachdan mu na tursachan air Tobar an Dualchais
- Rannsaich am fiosrachadh mu adhbhar nan tursachan aig Ionad Chalanais
- Sgrìobh aithisg le do bheachdan fhèin air dè bhiodh daoine a' dèanamh aig na tursachan bho chionn fhada

## CEISTEAN ÈIFEACHDACH AIRSON SGILEAN SMAOINEACHAIDH A LEUDACHADH

Cò ris a tha na tursachan coltach?

Cia mheud clach a th' ann?

Dè cho àrd 's a tha a' chlach as motha?

An dùil cia mheud clach a tha a dhìth, agus càit am bu chòir dhaibh a bhith?

Cuin a chaidh an togail?

Carson a chaidh iad a-mach à sealladh?

Cò tha thu a' smaoinichadh a thog na tursachan?

Carson a thog iad na tursachan?

Saoil dè bhiodh iad a' dèanamh aig na tursachan bho chionn fhada?

## EÒLASAN IS BUILEAN

*'S urrainn dhomh taghadh prìomh agus dàrna stòrasan airson tachartasan san àm a dh'fhalbh a rannsachadh.*  
SOC 2-01a

*'S urrainn dhomh fianais eachdraidheil a mhineachadh bho dhiofar amannan airson mo chuideachadh a' faighinn dealbh cheart de dhualchas na h-Alba agus den òrdugh anns an do thachair rudan.*  
SOC 2-02a

*An dèidh mo sgìre ionadail a rannsachadh, 's urrainn dhomh fiosrachadh a thoirt seachad mu dheidhinn diofar àitean airson fuireach, obair agus fois, agus àitean inntinneach airson tadhal.*  
SOC 2-10a



## CEANGLAICHEAN/GOIREASAN

[https://www.google.co.uk/intl/en\\_uk/earth/](https://www.google.co.uk/intl/en_uk/earth/)

<http://portal.historic-scotland.gov.uk/designation/SM90054>

<http://callanishvisitorcentre.co.uk/index.php/features/history-of-calanaish-stones>

*'Calanais - the Standing Stones', Alba Eachdraidheil*

<http://www.tobarandualchais.co.uk/en/results>

<http://www.bbc.co.uk/history/handsonhistory/archaeology.shtml>

